



Sònrachadh Cùrsa
Àrd-ìre
Adhartach



An Àrd Ìre Adhartach Sònrachadh-cùrsa Matamataig Mheacanaigs

Bhon Lùnastal, 2015

An deasachadh seo: An Giblean, 2013, dreach 1.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Cnàmhan a' Chùrsa

Tìotal a' Chùrsa: Matamataig Mheacanaigs – An Àrd Ìre Adhartach

SCQF: Ìre 7 (32 puingean-creideis SCQF)

Còd a' chùrsa: ri fhoillseachadh fhathast

Aonadan Riatanach

Gluasad Loidhneach is Parabolach

(An Àrd Ìre Adhartach)

8 puingean-creideis SCQF Forsa, Lùth

agus Gluasad Cuartach

(An Àrd Ìre Adhartach)

8 puingean-creideis SCQF

Dòighean matamataigeach airson Meacanaigs

(An Àrd Ìre Adhartach)

8 puingean-creideis SCQF

Measadh a' chùrsa

Anns a' Chùrsa seo tha ochd puingean creideis SCQF airson tuilleadh ùine a thoirt seachad nuair a thathar ag ullachadh airson measadh a' Chùrsa. Tha measadh a' Chùrsa a' còmhdach luach-leasaichte a' Chùrsa. Tha fiosrachadh a bharrachd mu mheasadh a' Chùrsa ri fhaighinn san earrainn air Measadh.

Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ Cùrsa Matamataig – An Àrd Ìre

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ teisteanasan eile ann am Matamataig no an raointean eile
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn anns an earrainn air Feallsanachd

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus a' cleachdadh ionnsachadh, agus cothrom airson ùidh phearsanta agus roghainn.

Annas a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlán agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha matamataig cudromach anns a' bheatha làitheil, a' leigeil leinn tuigsinn mar a tha an saoghal timcheall oirnn agus sinn a' cumail rian air ar beatha. Tha meacanaigs a' cur feum air matamataig airson tuigse a bhith againn air suidheachaidhean làitheil, nàdarra, agus airson na sgilean riatanach sin a thoirt dhuinn a dh'fheumas a bhith againn airson eadar-mhìneachadh is tuigsinn mar a tha nithean ag obrachadh, agus airson ceistean a shìmpleachadh is fhuasgladh a bharrachd air a bhith a' comharrachadh laigsean 's a' tighinn gu co-dhùnaidhean.

Tha meacanaigs a' brosnachadh beachd-smuaineachadh neo-eisimeileach agus bidh e a' cur mòr-chuideam air breithneachadh. Bidh e na thàladh don luchd-ionnsachaidh den a h-uile h-aois, ge bith dè na rudan anns a bheil ùidh aca agus ge bith dè na comasan a th' aca, a' cuideachadh leotha gu bhith nas fèin-earbsaiche. Tha ionnsachadh ann am meacanaigs a' dèanamh leudachadh air sgilean rannsachaidh, reusanachadh loidsigeach, mion-sgrùdadh, sgilean fuasgladh-cheistean, obair chruthachail agus a bhith a' mìneachadh gu pongail. Tha meacanaigs gar n-uidheamachadh le mòran de na sgilean a tha riatanach sa bheatha seo agus airson ionnsachadh is obair. Tha e fìor chudromach gum bi mothachadh againn air na nithean a chì sinn timcheall oirnn agus mar a tha iad a' buntainn ri ar beatha ann an leithid de dhiofar dhòighean. Tha seo a' daingneachadh cho cudromach 's a tha e gum bi prìomh àite aig matamataig gnìomhachail an lùib foghlam fad-bheatha, agus gum bi luach ga chur air air sgàth a' bheairteis a thig na chois.

Tha an Cùrsa seo a' leigeil leis an luchd-ionnsachaidh feartan agus comasan nan ceithir comasachdan fhaighinn 's a leasachadh. Mar eisimpleir, tha soirbheachadh ann an ionnsachadh is obair mhatamataigeach ag adhbharachadh barrachd misneachd a bhith aig neach. Mas urrainn dha smaoineachadh gu loidsigeach, tha e na cuideachadh do neach a bhith na shaoranach tùrail; tha e cuideachd na cuideachadh dha mas urrainn dha gnothaichean matamataigeach a thuigsinn, a chleachdadh 's a chur an cèill.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

'S e meacanaigs an raon de mhatamataig a tha co-cheangailte ri bhith a' dèanamh rannsachadh air na forsaichean a tha a' bualadh air nithean, agus air gluasad sam bith a thig orra. Na lùib, gheibh an luchd-ionnsachaidh barrachd mothachaidh air an fharsaingeachd 's air a' chumhachd a th' aig matamataig, agus air cho cudromach 's a tha gnòthaichean matamataigeach don t-sluagh anns an fharsaingeach

Bheir an Cùrsa comas don luchd-ionnsachaidh na leanas a dhèanamh:

- ◆ sgilean matamataigeach a tha riatanach airson ceistean fhuasgladh ann am meacanaigs a chleachdadh 's a leudachadh
- ◆ beachd a ghabhail air staid equilibrium air gluasad rud, agus na factaran a tha na chois eadar-mhìneachadh, a' cleachdadh mhodhan aithnichte
- ◆ matamataigeach
- ◆ na factaran fiosaigeach a tha a' toirt buaidh air nithean
- ◆ na buaidhean aig forsaichean seasmhach agus caochlaideach air cùis a thuigsinn 's eadar-mhìneachadh agus a chur an gnìomh
- ◆ modailean matamataigeach a chruthachadh airson ceistean a shìmpleachadh is fhuasgladh
- ◆ toraidhean anns a' cho-theacsa a mhion-sgrùdadh, agus am fuasgladh eadar-mhìneachadh ann an seagh co-cheangailte ris an t-saoghal fhèin
- ◆ sgilean a leasachadh ann a bhith a' cur an cèill cho-dhùnidhean a chaidh a dhèanamh air bunait factaran fiosaigeach agus air bunait obrachadh-a-mach

Tha an Cùrsa a' buntainn gu mòr ri iomadh raon ann an saidheans, einnseanaireachd agus teicneòlasan, agus tha e a' tairgsinn bunait dhaingeann airson tuilleadh rannsachaidh anns na raointean sin a bhios seachad air an Àrd Ìre Adhartaich.

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Tha an Cùrsa seo freagarrach don luchd-ionnsachaidh a rinn an gnothach, le cinnt, air Cùrsa Matamataig na h-Àrd Ìre no air teisteanas eile a tha co-ionann.

Nì an luchd-ionnsachaidh leasachadh air sgilean co-cheangailte ri bhith a' cruthachadh mhodailean matamataigeach agus a bhith a' taghadh agus a' cur an gnìomh mhodhan-obrachaidh fillte matamataigeach ann an caochladh shuidheachaidhean far a bheil eòlas air meacanaigs riatanach. Bheir na sgilean sin an neach air adhart gu bhith an sàs ann an tuilleadh ionnsachaidh agus ann an cosnadh.

Tha meacanaigs ga chleachdadh gu tric an lùib leasachaidhean co-cheangailte ri fiosaigs agus teicneòlas. Tha dealbhadh einnseanaireachd an crochadh gu mòr air meacanaigs. Anns a' Chùrsa seo, tha an luchd-ionnsachaidh a' leudachadh eòlas is sgilean an dà chuid ann am meacanaigs agus ann am matamataig, rud a tha ga dhèanamh comasach dhaibh na sgilean sin a chur gu feum. Gheibh an luchd-

ionnsachaidh rudan a chur an gnìomh ann an iomadh dreuchd ann an saidheans, na teicneòlasan agus ann an einnseanaireachd. An lùib nan dreuchdan sin, dh'fhaodadh leasachadh, ath-dhealbhadh agus ùr-innleachadh uidheaman a bhith ann airson leithid àiteachas, eòlas-leigheis, einnseanaireachd chatharra agus rannsachadh fànais.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' Chùrsa

Nì an Cùrsa seo leasachadh, agus bheir e barrachd doimhneachd agus leudachaidh air na sgilean matamataigeach a tha riatanach aig an ìre seo agus air thoiseach.

Bidh an luchd-ionnsachaidh a' togail agus a' cur an gnìomh nan sgilean obrachaidh a tha riatanach airson rannsachadh a dhèanamh timcheall air cùisean co-cheangailte ri meacanaigs. Thèid seo a dhèanamh le riochdachadh samhlauchail agus le modaileadh matamataigeach. A bharrachd air a sin, nì an luchd-ionnsachaidh leudachadh air sgilean reusanachaidh matamataigeach agus gheibh iad eòlas air co-dhùnaidhean cothromach a dhèanamh.

Ann an a' Chùrsa Matamataig le Meacanaigs aig an Àrd Ìre Adhartaich tha na trì Aonadan, le, uile-gu-lèir, 24 puingeann creideis SCQF. A bharrachd air a sin, tha ochd puingeann creideis SCQF eile, agus bheir iad seo an cothrom do raon nas fharsainge de mhodhan ionnsachaidh is teagaisg a bhith air an cleachdadh, maille ri daingneachadh ann an ionnsachadh, amalachas agus ann an deasachadh airson measadh bhon taobh a-muigh.

'S e iomraidhean air ìrean airson measadh a th' anns na h-aonadan; chan e prògraman a th' anna airson ionnsachadh is teagasg. Faodaidh iad a bhith air an libhrigeadh air caochladh dhòighean.

Glusad Loidhneach agus Parabolach (An Àrd Ìre Adhartach)

Ann an fharsaingeachd, 's e amas an Aonaid eòlas agus sgilean adhartach ann an ailseabra 's ann an calculus a leudachadh, agus iad sin rin cur an gnìomh an co-cheangal ris a' mheacanaigs a th' aig glusad loidhneach is parabolach. Nì an luchd-ionnsachaidh eadar-mhìneachadh air na buaidhean a th' aig forsaichean air rud, agus cleachdaidh iad modailean matamataigeach ann an ceistean co-cheangailte ri glusad ann an loidhne dhìreach fon bhuaidh a th' aig an dàrna cuid forsa seasmhach no forsa caochlaideach far a bheil luathachadh an crochadh air ùine. Tha feallsanachd a' bheactor air a mholadh nuair a thathar a' dèanamh rannsachadh air mar a tha rudan a' glusad a rèir a chèile, air a' bhuaidh a th' aig na gaothan 's aig na sruthan, agus air cùrsaichean co-bhualaidh agus air dè cho faisg 's a thig nithean air a chèile. Thathar a' dèanamh rannsachadh air glusad phròiseactailean ann an raon bheartagail. Tha Laghan-gluasaid Newton air an cleachdadh airson tuigse a leudachadh air co-chuideam, suathadh 's air glusad-toraidh. An lùib sin, tha cuideam sònraichte ga chur air Dàrna Lagh Newton airson beachd a ghabhail air glusad aon-sheallach air raointean còmhnaidh is claon.

Forsa, Lùth agus Glusad Minig (An Àrd Ìre Adhartach)

Ann an fharsaingeachd, 's e amas an Aonaid eòlas agus sgilean adhartach a leudachadh, agus an cur an gnìomh an co-cheangal ris a' mheacanaigs a th' aig forsa, lùth agus glusad minig. Nì an luchd-ionnsachaidh eadar-mhìneachadh air na buaidhean a th' aig forsaichean seasmhach agus forsaichean caochlaideach air rud, agus cleachdaidh iad modailean matamataigeach ann an ceistean far a bheil an luathachadh an crochadh air eadar-shuidheachadh no air luaths agus far am feum eadar-mhìneachadh agus fuasgladh a bhith ann do cheistean a tha co-cheangailte ri

co-aontaran deribheatach den chiad òrdugh. Tha leudachadh air a dhèanamh air na prionnsapalan a tha co-cheangailte ri cumhachd gluasaid agus iompuls, agus orra sin a tha co-cheangailte ri obair, cumhachd agus lùth; nam measg sin tha am prionnsapal lùth-obrach agus am feum a th' air glèidhteachas lùth.

Tha an luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh cheistean co-cheangailte ri gluasad ann an cearcall còmhnaidh le treòluaths cunbhalach ceàrnach. Gu h-àraidh, thathar a' gabhail beachd air ceumannan bancaichte 's air sleamhnachadh, mar a tha iad rim faighinn ann an Lagh Grabhataidh Newton agus mar a tha iad a' buntainn ris a' chuairt chearclaich aig saidealan. Bidh an luchd-ionnsachaidh a' sealltainn ri gluasad sìmplidh, co-chòrdach, agus iad a' gabhail beachd air forsaichean a tha co-cheangailte ri teudan lastaig 's ri springichean. Bidh iad cuideachd a' gabhail beachd air na meadhanan-tomaid aig cumaidhean is cruthan a bharrachd air na stataigs aig nithean do-lùbaidh.

Modhan Matamataigeach airson Meacanaigs (An Àrd Ìre Adhartach)

Tha an t-Aonad seo a' dèiligeadh ri leasachadh air sgilean adhartach ann an ailseabra agus calculus a tha a' buntainn ri ceistean co-cheangailte ri meacanaigs. Tha eisimpleirean de cheistean practaigeach air an cur fa chomhair an luchd-ionnsachaidh, a' cleachdadh cho-aontaran deribheatach; nam measg tha an fheadhainn le caochladairean sgarail agus iad sin le factar iontragailidh. Tha na th' ann de mhìneachaidhean air a leudachadh agus tha bloighean pàirteach air an toirt a-steach. Tha sgilean an luchd-ionnsachaidh ann an calculus air an leudachadh a chum deribheatadh parameatraig is fillte a thoirt a-steach, a bharrachd air amalachas, a' cleachdadh ionadachadh agus bhloighean pàirteach mean air mhean.

Cumhachan coileanaidh

Gus teisteanas a' Chùrsa fhaighinn, feumaidh an neach-ionnsachaidh na h-Aonadan a phasaigeadh gu lèir cho math ri measadh a' Chùrsa. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhan a' Chùrsa. Bidh am measadh Cùrsa na bhunait gus buileachadh a chur a rèir ìrean teisteanais a' Chùrsa.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh air sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse riatanach a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Tha seo a' còmhach:

- ◆ eòlas agus tuigse air raon de chuspairean neo-fhillte is fillte ann am meacanaigs
- ◆ an comas air modhan iomchaidh ann am meacanaigs a thaghadh 's a chleachdadh
- ◆ an comas air reusanachadh matamataigeach agus sgilean obrachaidh a chleachdadh airson fiosrachadh a lorg is eadar-mhìneachadh
- ◆ an comas air modailean ioma-thaobhach matamataigeach a chruthachadh 's a chleachdadh
- ◆ an comas air ro-innleachdan aithnichte fuasglaidh a chur an cèill agus dearbhadh a dhèanamh air na co-dhùnidhean a thig às, agus sin ri bhith air a dhèanamh ann an dòigh loidsigeach
- ◆ an comas air a' cheist gu lèir a thuigsinn a bharrachd air na diofar phàirtean a tha co-cheangailte rithe
- ◆ an comas air sgilean àireamhach a thaghadh 's a chleachdadh

Bidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a bhios an cois a' Chùrsa a' dol a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus mar a thathar an dùil a thèid cùisean aig gach ìre SCQF ri fhaighinn anns an stiùireadh air ìrean aig SCQF (www.sqa.org.uk/scqf).

Measadh

Tha fiosrachadh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Bheir seo seachad làn mhion-fhiosrachadh, a' gabhail a-steach comhairle air mar a thèid buileachadh iomlan neach-ionnsachaidh airson a' Chùrsa a dhearbhadh.

Measadh Aonaid

Tha na h-Aonadan gu lèir air am measadh air an taobh a-staigh a rèir nam feumalachdan a tha rim faighinn ann an *Sònrachadh an Aonaid*.

Faodaidh iad a bhith air am measadh air bunait Aonad-air-Aonad no le co-mheasadh.

Thèid measadh a dhèanamh orra air bunait pasaigidh/fàilligidh an taobh a-staigh nan ionadan-foghlaim fhèin. Bidh dearbhachd mhionaideach on taobh a-muigh ri faighinn aig an SQA. An cois sin bidh dearbhadh ga dhèanamh air an taobh a-muigh airson dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh a' dol a rèir nan ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan air a' Chùrsa seo mar a leanas:

Glusad Loidhneach agus Parabolach (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- ◆ sgilean obrachaidh is reusanachaidh matamataigeach a chleachdadh a tha ceangailte ri glusad parabolach

Forsa, Lùth agus Glusad Minig (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- ◆ sgilean obrachaidh is reusanachaidh matamataigeach a chleachdadh a tha ceangailte ri forsa, lùth agus glusad minig

Modhan Matamataigeach airson Meacanaigs (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- ◆ sgilean obrachaidh matamataigeach a chleachdadh a tha co-cheangailte ri meacanaigs

Tha eisimpleirean air mar a dh'fhaodar dèiligeadh ri measadh nan Aonadan seo rim faighinn anns an *Stòras-mheasaidh Nàiseanta*.

Measadh a' Chùrsa

An cois nan Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 chun na h-Àrd Ìre Adhartaich tha measadh [luach a bharrachd](#)¹. Aig Nàiseanta 5, aig an Àrd Ìre 's aig an Àrd Ìre Adhartaich, thèid an luach a bharrachd a mheasadh ann am measadh a' Chùrsa. Feumaidh an luach a bharrachd airson a' Chùrsa dèiligeadh ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa, mar a tha iad air am mìneachadh ann am feallsanachd a' Chùrsa. Thèid seo a dhèanamh le bhith a' dèiligeadh ri aon nì co-dhiù a tha co-cheangailte ri leud, dùbhlàn agus cur-an-gnìomh.

Ann an Cùrsa Matamataig Mheacanaigs aig an Àrd Ìre Adhartach, bidh luach a bharrachd ga chur air:

- ◆ leud
- ◆ dùbhlàn
- ◆ cur-an-gnìomh

A bharrachd air a bhith gan cur an gnìomh, nì an luchd-ionnsachaidh leudachadh is adhartas air na sgilean a dh'ionnsaich iad air a' Chùrsa. Thèid seo a mheasadh an cois [pàipear-cheistean](#)², far am feum teisteanas a bhith air a thaisbeanadh air an eòlas, na sgilean 's air an tuigse a chaidh a thogail tarsainn air na h-Aonadan agus mar a thèid an cur an gnìomh ann an co-theacsaichean anns nach eil iad eòlach agus/no ann an dòighean amalaichte.

¹ Gheibhear mìneachaidhean an seo: <http://www.sqa.org.uk/sqa/58409.html>

² Faic an ceangal gu h-àrd airson mhìneachaidhean.

Leudachadh air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Thathar an dùil gun dèan an luchd-ionnsachaidh leudachadh air sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a bhithear an dùil air an toir an luchd-ionnsachaidh leasachadh is adhartas tron Chùrsa air an stèidheachadh air *Clàr-sgilean SQA: Sgilean airson ionnsachadh, Sgilean airson beatha agus Sgilean airson cosnadh*, 's iad air an togail bho na prìomh raointean sgilean a th' air an clàradh gu h-ìseal. Feumaidh iad sin a bhith air an toirt a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh.

2 Àireamhachd

- 2.1 Modhan-obrachaidh àireamhan
- 2.2 Airgead, uair agus tomhas
- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 Cur-an-gnìomh
- 5.4 Mion-sgrùdadh agus measadh

Ann an *Clàr-sgilean SQA: Sgilean airson ionnsachadh, Sgilean airson beatha agus Sgilean airson cosnadh*, tha leudachadh ri fhaighinn air na sgilean sin. Bidh ìre nan sgilean sin a' dol a rèir ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh air mar a thèid togail air *sgilean airson ionnsachadh, Sgilean airson beatha agus Sgilean airson cosnadh* airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taice a' Chùrsa*.

Fiosrachadh rianachd

Air fhoillseachadh: An Giblean 2013 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean air Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Fiosr. a'	Dreach	Cunntas air an atharrachadh	Ceadaichte le	Ceann-latha

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt air adhbharan foghlaim air chùmhnannt 's nach togar prothaid on ath-riochdachadh agus, ma thèid ath-riochdachadh ann am pàirt, gum bi creideas air a thoirt don tùs. Faodar tuilleadh lethbhreacan den t-sònrachadh seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Not: Tha e air a mholadh gun toir thu sùil air làrach-lìn an SQA (www.sqa.org.uk) airson dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire de Shònrachadh a' Chùrsa.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013